Màthair

Bha sinn a' coimhead nan rionnag
mus do thionndaidh sinn a-steach leis na coin,
is thuirt thu gum bu mhithich dhut
na h-ainmean aca ionnsachadh gu ceart.

Ach chan fhada gus am bi thu fhèin nam measg
's is mise a bhios a' feuchainn ri d' ainmeachadh,
thusa aig nach fhaca mi do nàdar
ach mar phriobadh fann an cuid solais –

Is tu riamh an ceann do dhleastanais,
mu chòcaireachd, caoraich, leabhraichean;
a bheil fios an d' fhuair thu do dhìol
airson do dheataim is spàirn is sgìths?

O gun lasainn de dh'aighear annad
na leigeadh leam d' fhaicinn gu slàn,
no chan fhaide thu bhuam nuair a shiùbhlas tu
na bha thu rim thaobh a-nochd.

Meg Bateman

Màthair / Mother, Meg Bateman
Soirbheas / Fair Wind (Polygon, 2007)

Supported by / Le Taic bho:

Comhairle nan Leabhraichean
The Gaelic Books Council

CREATIVE SCOTLAND
ALBA | CHRUTHACHAIL

Year of Creative Scotland 2012

NATIONAL POETRY DAY IN SCOTLAND
Thursday 4 October 2012 – STARS

English poem poster pdf and teaching notes from:
www.scottishpoetrylibrary.org.uk

Design: www.contextdesigns.co.uk